

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



PLEASE SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION

CLEACHD SA BHAD – DICIADAIN 03.10.2012

Goireasan ùra Gàidhlig dha na tràth-bhliadhnaichean

A-raoir aig co-labhairt sònraichte do luchd-teagaisg Gàidhlig san Aghaidh Mhòr, dh'ainmich an Dr Alasdair Allan, am Ministear airson Sgilean is Ionnsachadh, Saidheans agus Cànanan na h-Alba, fuasgladh air goireasan ùra airson roinn nan tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig.

Chaidh na goireasan a bharantachadh le Bòrd na Gàidhlig gu sònraichte airson buidheann aoise 0 – 3 bliadhna, agus thugadh gu buil iad le Acair agus Stòrlann agus nam measg tha farsaingeachd de leabhraichean, postairean, clàran CD is Geamannan.

Thuir an Dr Alasdair Allan, am Ministear airson Sgilean is Ionnsachadh, Saidheans agus Cànanan na h-Alba: “Tha Riaghaltas na h-Alba ag obair le prìomh chom-pàirtichean foghlaim gus an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba a mheudachadh agus gus dèanamh cinnteach gum bi a’ Ghàidhlig beòthail seasmhach san àm ri teachd. Cuidichidh na goireasan sin a chaidh a bharantachadh le Bòrd na Gàidhlig agus a thugadh gu buil le Acair agus Stòrlann, le taic a thoirt do roinn nan tràth-bhliadhnaichean ann an liubhairt an amais seo.”

Thuir Màiri Nic Ille Mhaoil, an Leasaiche Foghlaim is Ionnsachaidh: “Tha leasachadh is cruthachadh ghoireasan ùra airson roinn nan tràth-bhliadhnaichean na àrd-phrìomhachas do Bhòrd na Gàidhlig agus tha cuideam air an sin ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Is e glè bheag de ghoireasan ann an Gàidhlig a bha rim faotainn gu ruige seo don bhuidheann aoise seo agus mar sin tha sinn fìor thoilichte a bhith an sàs sa cheum air adhart chudromach seo. Tha goireasan de a leithid seo gu h-àraid cudromach ann an leasachadh buadh nan tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig, air a bheil iarrtas mòr mar-thà. Tha na goireasan rim faotainn airson an ceannach bho Acair Earranta agus Comhairle nan Leabhraichean.

DEIREADH

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Airson tuilleadh fiosrachaidh mu shusbaint na brath naidheachd seo, cuiribh fios gu Steven MacIomhair, Oifigear Corporra is Conaltraidh aig Bòrd na Gàidhlig, air post-d gu steven@gaidhlig.org.uk no le fònadh gu 01463 225 454.

Dealbh an luib seo:

Dealbh 1

Cli gu Deas: Màiri Nic IlleMhaoil, Leasaiche Foghlam is Ionnsachadh, Bòrd na Gàidhlig; Dr Alasdair Allan, Ministear airson Sgilean is Ionnsachadh, Saidheans agus Cànanan na h-Alba & Dòmhnall MacIlleMhoire, Ceannard Stòrlann.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



FOR IMMEDIATE USE – WEDNESDAY 03.10.2012

New Gaelic resources for the early years.

Last night at a special conference for Gaelic teachers in Aviemore, the Minister for Skills and Learning, Science and Scotland's Languages, Dr Alasdair Allan announced the release of new resources for the Gaelic early years sector.

The resources were specially commissioned by Bòrd na Gàidhlig for the 0 – 3 aged group and were produced by Acair and Stòrlann and include a wide variety of books, posters, CDs and Games.

Minister for Skills and Learning, Science and Scotland's languages, Dr Alasdair Allan said: ““The Scottish Government is working with key education partners to increase the number of Gaelic speakers in Scotland and ensure that Gaelic has a sustainable and vibrant future. These resources, commissioned by Bòrd na Gàidhlig and produced by Acair and Stòrlann, will help support the early years sector in delivering this aim.”

Head of Education and Learning, Mary MacMillan said: “The development and creation of new resources for the early years sector is a main priority for Bòrd na Gàidhlig and has been highlighted in the National Gaelic Language Plan. There have been very few resources available in Gaelic for this age group to date so we are delighted to be involved in this important step forward. Resources such as these are extremely important in improving the quality of Gaelic early years which is already in high demand. The resources are available to buy from Acair LTD and The Gaelic Books Council.

ENDS

For further information on the contents of this news release please contact Steven MacIver, Corporate and Communications Officer, Bòrd na Gàidhlig by e-mailing steven@gaidhlig.org.uk or by phoning 01463 225 454.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



PHOTOGRAPH ATTACHED:

Photograph 1

Left to Right: Mary MacMillan, Head of Education & Learning, Bòrd na Gàidhlig; Dr Alasdair Allan Minister for Skills and Learning, Science and Scotland's Languages & Donald Morrison Chief Executive, Stòrlann.